




Roinn nan Cànan
Languages Department
Sprachabteilung

COURSE INFORMATION

Gàidhlig, S1



Bidh trì clasaichean **Gàidhlig** agus aon chlas **Cultair** agad san t-seachdain.

Bu chòir peann no peansail a bhith agad airson a h-uile clas.

Bheir an tidsear leabhran dhut.

'S i **Gàidhlig** cànan a' chlas. Faodaidh tu faighneachd dhan tidsear uair sam bith mura bheil thu cinnteach mu fhacal/abairt. Na gabh dragh mu dheidhinn a bhith a' dèanamh mearachd. Bidh a h-uile duine a' dèanamh mhearachdan!

Faodaidh tu d' obair a thoirt dhachaigh airson sùil a thoirt air na tha thu air a dhèanamh sa chlas.

Chan fhaod thu fòn-làimhe a chleachdadh sa chlas. Feumaidh tu a cur anns a' bhogsa aig an doras.

Sgilean

Bidh thu ag obair air na ceithir sgilean seo fad na h-ùine: Èisteachd, Bruidhinn, Leughadh, agus Sgrìobhadh.

Eisimpleirean de dh'obair a bhios tu a' dèanamh anns a' chlas:

Èisteachd

- Ag èisteachd ri earrannan agus a' freagairt cheistean
- Ag èisteachd ri bhideothan/prògraman Gàidhlig

Bruidhinn

- Còmhradh ris an tidsear mu dheidhinn cuspair sònraichte
- Còmhradh ann am buidheann còmhla ri sgoilearan eile
- A' cur cheistean air cuideigin a thig a-staigh a bhruidhinn ris a' chlas
- Taisbeanadh a dhèanamh dhan chlas
- Dealbhan-cluiche goirid

Leughadh

- A' leughadh earrannan agus a' freagairt cheistean
- A' leughadh earrannan agus a' dèanamh geàrr-chunntas
- A' leughadh airson fiosrachadh mu dheidhinn cuspair sònraichte
- A' leughadh leabhraichean Gàidhlig
- A' leughadh phìosan litreachais mar sgeulachdan goirid agus bàrdachd gus tuigse fhaighinn air dòighean sgrìobhaidh leithid samhlaidhean agus meataforan

Sgrìobhadh

- Sgrìobhadh pearsanta
- Sgrìobhadh cruthachail
- Sgrìobhadh gnìomhach leithid aithisg, litir, etc.
- Pròiseact pearsanta

Tron bhliadhna, bidh thu:

- Ag ionnsachadh abairtean agus faclan ùra
- Ag ionnsachadh sgilean cànan
- A' fàs nas misneachaile mu do sgilean Gàidhlig
- Ag ionnsachadh mu dheidhinn cho cudromach agus cho feumail 's a tha Gàidhlig san t-saoghal an-diugh

Stuthan ionnsachaidh

- Cuiridh an tidsear stuthan feumail air MS Teams. Tha e cudromach gun coimhead thu air seo tric.
- Faclair: <https://learngaelic.net/dictionary/>
- Learn Gaelic: Làrach-lìn feumail airson do sgilean a thoirt air adhart <https://learngaelic.net/>
- Làrach-lìn a' BhBC: gheibh thu a-mach mu dheidhinn prògramman Gàidhlig air BBC Alba agus faodaidh tu na naidheachdan a leughadh ann an Gàidhlig: <https://www.bbc.co.uk/alba> agus <https://www.bbc.co.uk/naidheachdan>

Fiosrachadh a bharrachd:

- Bidh Oidhche Phàrant ann anns an t-Sultain
- Thèid aithisg bheag dhachaigh ron Nollaig. Gheibh do phàrantan a-mach mun ìre aig a bheil thu.
- Thèid aithisg mhòr dhachaigh anns a' Chèitean. Anns an aithisg seo, bheir an tidsear seachad fiosrachadh mionaideach mun adhartas a tha thu air a dhèanamh agus dè dh'fheumas tu a dhèanamh airson tuilleadh adhartais a dhèanamh air S2.